

Fuaim an t-Sàile

Chan eil ceòl a thig gu m' chluasan
As binne leam na fuaim an t-sàile,
Crònán iorghailleach an t-srùthlaidh
'S e ri diùbhrais air an tràigh ann.

Guth nan eilthireach ri chluinntinn
Anns na tuinn tighinn chun na tràghad,
Dùrachdan gan cur le dìlse
Chun na tìr' a rinn iad fhàgail.

Anns na briathran gheibh sinn mùrcais,
Gheibh sinn tùirse anns an fhàilte;
Gheibh sinn mulad anns an dùrachd —
Ionndrainn a tha dlùth do nàdar.
Ionndrainn air na cnuic 's na cluaintean
A tha dualach do gach nàistinn —
Far 'm bi freumhaichean ar dùthchais
Sann as dlùithe bhios ar càirdeas.

Far bheil freumhaichean an sinnsear
Far an deach sa chill an càramh,
Far 'n do chuireadh a' chiad ùir orr'
'S far an dùisg iad air là àraid.

Far 'm bu tric iad air an glùintean
Dèanamh ùrnaigh uile-ghràsmhor,
Far 'n do dh'ionnsaich iad gach ùmhlachd
Thug troimh iomadh cùis iad sàbhailt'.

Far an cual' iad iomadh sgeula
San taigh-chéilidh ann an nàbachd —
Comhairlean an t-seann duin' shì obhalt'
Air am mì neachadh gu bàidheil.

Bhon se annrath agus cruaidh-chàs
Chuir gu gluasad iad thar sàile,
S tric air ais a' tighinn an smuaintean
Far bheil sì th nam buadh is àiteas.